

## Liosta-sgrùdaidh airson Beachdachadh air a' Ghàidhlig ann am Planaichean Àite Ionadail

### Checklist for Consideration of Gaelic in Local Place Plans

#### Ro-ràdh

Tha Planaichean Àite Ionadail a' toirt cothrom do choimhearsnachdan lèirsinn agus amasan a shuidheachadh airson àm ri teachd an àite aca fhèin. Mar a tha air a mhìneachadh le Riaghaltas na h-Alba, faodaidh Comhairle Coimhearsnachd no Buidheann fo Smachd Coimhearsnachd sam bith Plana Àite Ionadail ullachadh agus a chur a-steach.

Tha Riaghaltas na h-Alba ag iarraidh gum bi Planaichean Àite Ionadail a' gabhail a-steach fòcas air nithean spàsail (talamh is togalaichean) a tha a' buntainn ris an sgìre. Ach, faodaidh Planaichean Àite Ionadail freagairt gu sònraichte air na coimhearsnachdan fa leth a tha gan ullachadh, agus mar sin faodar amasan is miannan eile a chlàradh cuideachd, mar a tha buill dhen choimhearsnachd air a thogail, fiù 's ged nach biodh iad a' buntainn ri nithean spàsail. Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach rudan a leithid chlasaichean Gàidhlig, mar a chithear gu h-ìosal.

Tha a bhith ag ullachadh Phlanaichean Àite Ionadail air a stiùireadh le coimhearsnachdan agus ged nach fheum buidhnean coimhearsnachd ealla a ghabhail dhan stiùireadh seo, faodaidh iad sin a dhèanamh ma tha iad ga mheas freagarrach. Chaidh an stiùireadh seo a sgrìobhadh gus cuideachadh a thoirt do bhuidhnean a tha an dùil beachdachadh air a' Ghàidhlig taobh a-staigh nam Planaichean Àite Ionadail aca.

#### Introduction

Local Place Plans enable communities to set out their vision and aims for the future of their place. As set out by Scottish Government, Local Place Plans can be prepared and submitted by any Community Council or qualifying Community Controlled Body.

Scottish Government requires Local Place Plans to include a focus on the spatial (land and building) considerations of an area. However, Local Place Plans can be as unique as the community preparing them and so can also record other aims and aspirations raised by its community members, which may not be spatial in nature, such as Gaelic language classes, as mentioned below.

The preparation of Local Place Plans is community-led and community groups do not need to take consideration of this guide but may wish to do so if they feel it is appropriate. This guide has been drafted to assist groups who intend to incorporate Gaelic considerations within their Local Place Plans.

Beachdachadh air a' Ghàidhlig	
Gaelic Considerations	
<p><b>Sgrùdadh Tùsail</b></p> <p><b>Initial Scoping</b></p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• A bheil sibh air beachdachadh air co-dhiù a tha a' Ghàidhlig cudromach gu h-eachdraidheil agus/no san latha an-diugh ann an sgìre a' Phlana Àite Ionadail?</li> <li>• Comharraich agus com-pàirtich luchd-ùidhe Gàidhlig. An deach co-chomhairleachadh mun phròiseact a chumail le buill choimhearsnachd, buidhnean ionadail agus eòlaichean Gàidhlig?</li> <li>• Plana airson a' Ghàidhlig a thoirt na lùib – A bheil dòigh-obrach shoilleir ann a thaobh mar a thèid a' Ghàidhlig a thoirt an lùib a' Phlana Àite Ionadail?</li> <li>• Have you considered whether there is historical and/or present-day cultural significance of Gaelic in the Local Place Plan area?</li> <li>• Identify and engage Gaelic stakeholders. Have Gaelic-speaking community members, local Gaelic organisations and experts been consulted about the project?</li> <li>• Plan for Gaelic language integration – Is there a clear approach for how Gaelic will be incorporated into the Local Place Plan?</li> </ul>
<p><b>Ainmean-àite is Soidhnichean</b></p> <p><b>Place-names and Signage</b></p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• A bheil ainmean-àite agus comharran-tìre Gàidhlig air an gabhail a-steach sa Phlana Àite Ionadail?</li> <li>• A bheil planaichean ann soidhnichean dà-chànanach no Gàidhlig a-mhàin a chleachdadh airson àiteachan poblach, togalaichean, comharran-tìre agus leasachaidhean ùra?</li> <li>• A bheil ainmean agus soidhnichean Gàidhlig a' faighinn prìomhachas sa Phlana Àite Ionadail gu a' Ghàidhlig a dhèanamh nas follaisiche?</li> <li>• Ma tha ainmean-àite Gàidhlig sa Phlana Àite Ionadail agaibh, tha e cudromach gu bheil iad air an taisbeanadh gu ceart. Cuidichidh co-chomhairleachadh le Ainmean-Àite na h-Alba <a href="#">AAA</a>, a' bhuidheann cho-chomhairleachaidh nàiseanta airson ainmean-àite Gàidhlig, gu dèanamh cinnteach nach eil mearachdan orra. Faodaidh soidhnichean dà-chànanach, a tha ceart agus air an deagh rannsachadh, ciall ainmean a shoilleireachadh agus cur ri brìgh cultarach is dualchais, an dà chuid do mhuintir an àite agus do luchd-tadhail.</li> <li>• Are Gaelic place-names and landmarks included in the Local Place Plan?</li> <li>• Are there plans to use bilingual or Gaelic-only signage for public spaces, buildings, landmarks and new developments?</li> <li>• Are Gaelic names and signage given prominence in the Local Place Plan to enhance Gaelic language visibility?</li> <li>• If your Local Place Plan includes Gaelic place-names, it is important that they are accurately presented. Consultation with Ainmean-Àite na h-Alba <a href="#">AAA</a>, the national advisory partnership for Gaelic place-names, will help to ensure that there are no errors or typos. Correct and well-researched bilingual signage can illuminate meanings of names and enhance the cultural and heritage experience for residents and visitors alike.</li> </ul>
<p><b>Foghlam Gàidhlig</b></p> <p><b>Gaelic Education</b></p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Aig an àm seo, 's e Comhairle na Gàidhealtachd an solaraidhe as motha de dh'Fhoghlam tron Ghàidhlig (FtG) agus Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (FLI). Tha fiosrachadh mu Foghlam Gàidhlig sa Ghàidhealtachd ri fhaotainn air làrach-lìn Chomhairle na Gàidhealtachd aig: <a href="http://www.highland.gov.uk/info/878/schools/18/gaelic_medium_education">www.highland.gov.uk/info/878/schools/18/gaelic_medium_education</a></li> <li>• Tha fiosrachadh mu mar a bu chòir iarrtas a chur a-steach airson FtG san sgìre agaibh cuideachd ri fhaotainn air làrach-lìn Chomhairle na Gàidhealtachd aig: <a href="http://www.highland.gov.uk/info/878/schools/18/gaelic_medium_education/2">www.highland.gov.uk/info/878/schools/18/gaelic_medium_education/2</a></li> </ul>

Beachdachadh air a' Ghàidhlig	
Gaelic Considerations	
	<ul style="list-style-type: none"> <li>• A bheil cleasan no buidhnean Gàidhlig 0–3 ann an sgìre a’ Phlana Àite Ionadail agaibh? An urrainn dhuibh fiosrachadh mun deidhinn a chur a-steach?</li> <li>• A bheil foghlam Gàidhlig do dh’inbhich ri fhaotainn ann an sgìre a’ Phlana Àite Ionadail agaibh? Tha tuilleadh fiosrachaidh mu na cùrsaichean Gàidhlig a tha air an libhrigeadh le Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean (OGE) ri fhaotainn air an làraich-lìn aca: <a href="http://www.uhi.ac.uk/en/about-uhi/gaelic">www.uhi.ac.uk/en/about-uhi/gaelic</a></li> <li>• The Highland Council is currently the largest provider of Gaelic Medium Education (GME) and Gaelic Learner Education (GLE). Information on Gaelic Education in the Highlands is available on the Highland Council website at: <a href="http://www.highland.gov.uk/info/878/schools/18/gaelic_medium_education">www.highland.gov.uk/info/878/schools/18/gaelic_medium_education</a></li> <li>• Information on how to make a request for GME in your area is also available on the Highland Council website at: <a href="http://www.highland.gov.uk/info/878/schools/18/gaelic_medium_education/2">www.highland.gov.uk/info/878/schools/18/gaelic_medium_education/2</a></li> <li>• Are there Gaelic 0–3 activities or groups in your Local Place Plan area? Can information on these be included?</li> <li>• Is Gaelic education for adults available in your Local Place Plan area? Further information on Gaelic courses delivered by The University of the Highlands and Islands (UHI) can be found on the UHI website: <a href="http://www.uhi.ac.uk/en/about-uhi/gaelic">www.uhi.ac.uk/en/about-uhi/gaelic</a></li> </ul>
<p><b>A’ Toirt Dualchas is Cultar na Lùib</b></p> <p><b>Heritage and Cultural Integration</b></p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• A bheil beul-aithris is sgeulachdan Gàidhlig, no nithean cultarach eile a’ buntainn ris a’ Ghàidhlig san sgìre agaibh a dh’fhaodadh a bhith air an toirt am follais no an lùib a’ Phlana Àite Ionadail agaibh?</li> <li>• A bheil Fèisean no tachartasan is gnìomhan Gàidhlig eile air an cumail ann an sgìre a’ Phlana Àite Ionadail agaibh? An deach beachdachadh orra is an gabhail a-steach?</li> <li>• A bheil ionad no àite poblach ann an sgìre a’ Phlana Àite Ionadail agaibh a tha a’ cur air adhart, no a dh’fhaodadh a bhith a’ cur air adhart, cultar is dualchas na Gàidhlig?</li> <li>• Does your area have Gaelic folklore, stories, or other Gaelic cultural aspects that could be identified and promoted/integrated into your Local Place Plan?</li> <li>• Are Fèisean or other Gaelic events and activities held in your Local Place Plan area? Have they been considered and included?</li> <li>• Does your Local Place Plan area have a centre or public space that actively promotes, or could actively promote, Gaelic culture and heritage?</li> </ul>

Beachdachadh air a' Ghàidhlig	
Gaelic Considerations	
<p><b>Com-pàirteachadh Poblach*</b></p> <p><b>Public Engagement*</b></p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• A bheil suirbhidhean, foirmichean fios air ais agus stuthan co-chomhairleachaidh rim faotainn sa Ghàidhlig?</li> <li>• Aire mun Ghàidhlig – A bheil a' dèanamh oidhirp foghlam is fiosrachadh a thoirt dhan choimhearsnachd san fharsaingeachd mu na pàirtean Gàidhlig sa Phlana Àite Ionadail?</li> <li>• Tha tuilleadh fiosrachaidh mu chom-pàirteachadh poblach nuair a thathar ag ullachadh Phlanaichean Àite Ionadail ri fhaotainn ann an Stiùireadh Teampaid nam Planaichean Àite Ionadail: <a href="https://www.highland.gov.uk/info/178/development_plans/1043/local_place_plans/2#templates">https://www.highland.gov.uk/info/178/development_plans/1043/local_place_plans/2#templates</a></li> <li>• A bheil prìomh sgrìobhainnean agus stuthan a bhios a' dol a-mach chun a' phobaill rim faotainn sa Ghàidhlig agus sa Bheurla?</li> <li>• An deach dèanamh cinnteach gu bheil eadar-theangachaidhean ceart?</li> </ul> <p>* Chan eil riathanas laghail sam bith ann a thaobh meud no seòrsa a' chom-pàirteachaidh phoblaich a bhios air a dhèanamh nuair a thathar ag ullachadh Plana Àite Ionadail; ach, bu chòir dhan bhuidhinn choimhearsnachd a tha ga ullachadh feuchainn ri amasan is miannan na coimhearsnachd aca a riochdachadh, bhon chom-pàirteachadh a tha air a ghabhail os làimh.</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Are surveys, feedback forms and consultation materials available in Gaelic?</li> <li>• Gaelic Awareness – Is there an effort to educate and inform the broader community about Gaelic elements in the Local Place Plan?</li> <li>• More information on the community engagement for Local Place Plan preparation can be found in our Local Place Plan Template Guidance: <a href="https://www.highland.gov.uk/info/178/development_plans/1043/local_place_plans/2#templates">https://www.highland.gov.uk/info/178/development_plans/1043/local_place_plans/2#templates</a></li> <li>• Are key documents and public-facing materials available in Gaelic and English?</li> <li>• Has the accuracy of translations been confirmed?</li> </ul> <p>* There is no legal requirement for the amount or type of community engagement that is required to be carried out when preparing a Local Place Plan; however, the preparing community body should aim to represent the aims and aspirations of their community from whatever engagement is carried out.</p>
<p><b>Foghlam is Trèanadh</b></p> <p><b>Education and Training</b></p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Trèanadh cànan Gàidhlig – A bheil clasaichean do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig san sgìre agaibh a dh'fhaodadh a bhith air an sanasachd?</li> <li>• Tha Comhairle na Gàidhealtachd a' tabhann chlasaichean Gàidhlig air feadh na Gàidhealtachd. Gheibhear fiosrachadh an seo: <a href="http://www.highland.gov.uk/info/283/community_life_and_leisure/335/gaelic/4">www.highland.gov.uk/info/283/community_life_and_leisure/335/gaelic/4</a></li> <li>• Tha làrach-lìn SpeakGaelic cuideachd a' tabhann ghoireasan gus taic a chur ri bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig: <a href="http://speakgaelic.scot">speakgaelic.scot</a>.</li> </ul> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Gaelic language training – Are there Gaelic learner classes in your area which could be promoted?</li> <li>• The Highland Council offer Gaelic classes across the Highland area. Information can be found here: <a href="http://www.highland.gov.uk/info/283/community_life_and_leisure/335/gaelic/4">www.highland.gov.uk/info/283/community_life_and_leisure/335/gaelic/4</a></li> <li>• The SpeakGaelic website also contains resources to support the learning of Gaelic and can be accessed at <a href="http://speakgaelic.scot">speakgaelic.scot</a>.</li> </ul>

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh is stiùiridh mu bhith a' deasachadh Phlanaichean Àite Ionadail air an làraich-lìn againn: [www.highland.gov.uk/localplaceplans](http://www.highland.gov.uk/localplaceplans)

Às dèidh dhuibh seo shuas a leughadh, ma tha sibh airson ceistean sam bith a thogail le Comhairle na Gàidhealtachd mu bhith a' beachdachadh air a' Ghàidhlig mar phàirt dhen ullachadh agaibh airson Planaichean Àite Ionadail, cuiribh fios gu: [lpp@highland.gov.uk](mailto:lpp@highland.gov.uk)

More information and guidance on preparing Local Place Plans is available on our website:  
[www.highland.gov.uk/localplaceplans](http://www.highland.gov.uk/localplaceplans)

If, having read the above, you wish to raise any queries with The Highland Council about the consideration of Gaelic as part of your Local Place Plan preparation, please contact:  
[lpp@highland.gov.uk](mailto:lpp@highland.gov.uk)